

Atharrachadh na Gnàth-shìde: Bho Ionnsachadh gu Gnìomh



Ìre: C4-7



Ùine: 30 - 40m

Anns an leasan seo, gluaisidh na sgoilearan air adhart gu bhith a' tuigsinn carson a tha atharrachadh na gnàth-shìde a' tachairt. Bidh iad a' rannsachadh mar a tha gnìomhan dhaoine – leithid lùth, còmhhdail agus sgudal – a' toirt buaidh air a' ghnàth-shìde. Tha an leasan seo stèidhichte air deasbad agus smaoinichadh, agus chan eil feum air eòlas sònraichte airson a libhrigeadh.

Ceanglaichean ris a' Churraicealam

SCN 2-05a, 2-08a SOC 2-08a, LIT 2-02a, 2-09a, GAI 2-02a

Ceanglaichean - Ionnsachadh airson Seasmhachd

Targaid 2030 – Coimhearsnachd agus Làrach na Sgoile

SDGs – Amas 12 – Caitheamh agus Riochdachadh, Amas 15 Beatha air Tìr

UNCRCs – Alt 24 Slàinte, Uisge, Biadh agus Àrainneachd, Alt 29 Amasan

Foghlaim

Sgilean Meta – Iomairt, Co-obrachadh, Cruthachalachd



Amas Ionnsachaidh: Bidh na sgoilearan comasach air adhbharan sìmplidh atharrachadh na gnàth-shìde a thaghadh agus a mhìneachadh.

Goireasan: Cairtean a' sealltainn na prìomh sgaoilidhean de ghasaichean taigh-glainne

1. Ceistean tòiseachaidh - Ceangal ris na Bùthan-obrach 5 (mionaidean)

- Ciamar a thachras atharrachadh na gnàth-shìde?
- Dè na gasaichean taigh-glainne agus cò às a tha iad a' tighinn?
- Dè na gnìomhan aig daoine a chruthaicheas na gasaichean sin?
- Ciamar as urrainn dhuinn ar buaidh air an àrainneachd a lùghdachadh?

2. Prìomh Ghnìomh – Seòrsachadh (15–20 mionaidean)

A-nis cuiridh sinn structar air na tha sinn air ionnsachadh.

Tidsear: "Tha sinn a' dol a choimhead air diofar rudan a nì daoine, agus co-dhùnadh a dhèanamh: a bheil iad math no dona don àrainneachd?"

Sgrìobh air a' bhòrd an dà thiotail a leanas:

☒ A' dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-shìde ☐ A' cur ri atharrachadh na gnàth-shìde

Seall an dealbh air gach [cairt](#) agus iarr air a' chlas tomhas: a bheil e...

☒ A' dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-shìde ☐ A' cur ri atharrachadh na gnàth-shìde

Airson gach fear, faighnich dhan chlas:

- “Dè tha sibh a’ smaoineachadh?”
- “A bheil seo a’ dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-shìde no a’ cur ris?”
- “Dè tha a’ tachairt anns an t-suidheachadh seo?”
- “Dè thèid dhan àile air sgàth seo?”
- “A bheil seo na rud a nì daoine gu tric?”

Iarr air na sgoilearan làmhnan a thogail airson: ☒ A’ dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-shìde / ☐ A’ cur ri atharrachadh na gnàth-shìde.

Leugh cùl na cairte (bidh mìneachadh ann) gus barrachd fiosrachaidh a thoirt dhaibh.

Cuir an eisimpleir san roinn cheart air a’ bhòrd.

Faighnich:

- “A bheil sinn a’ faicinn pàtran sam bith an seo?”
- “A bheil eisimpleirean agaibhse de gin de seo sa bheatha làitheil agaibh?”
- “A bheil dòigh nas fheàrr air na rudan seo a dhèanamh?”

“Tha sinn air fhaicinn dè tha a’ cur ri atharrachadh na gnàth-shìde agus dè tha ga chuideachadh. A-nis smaoinichidh sinn air carson a tha na roghainnean sin cho cudromach.”

3. Pròiseact a’ Chlas – Ro-ràdh den Èiceo-iomairt (10 mionaidean +)

“Tha sinn air ionnsachadh mu atharrachadh na gnàth-shìde, carson a tha e a’ tachairt agus dè as urrainn dhuinn a dhèanamh. Ach chan eil sinn dìreach a’ dol a bhruidhinn mu dheidhinn...”

“Tha sinn gu bhith a’ tòiseachadh èiceo-iomairt mar chlas.”

Tha an èiceo-iomairt a’ toirt cothrom do sgoilearan:

- na dh’ionnsaich iad a chleachdadh
- obrachadh còmhla
- cur ri [Èiceo-Sgoiltean](#) / obair na sgoile

Roinn an Clas ann am Buidheann

3–5 sgoilearan anns gach buidheann

“bidh gach buidheann ag obair air cuspair sònraichte”

Thoir cuspair do gach buidheann:

- 🌱 Nàdar / Bith-iomadachd
- 🗑️ Sgudal
- 💡 Lùth
- 🚶 Siubhal

Smaoineachadh Tòiseachaidh (Goirid)

Iarr air gach buidheann bruidhinn ri chèile airson 2–3 mionaidean

Ceistean taice:

- “Dè tha a’ tachairt san sgoil againn san raon seo?”
- “Dè dh’fhaodadh a bhith nas fheàrr?”

Suidheachadh airson an Ath Leasain (no nuair a bhitheas àm ann)

Dèan seo soilleir:

- “Anns an ath leasan, obraichidh gach buidheann air plana.”
- “Bidh sibh a’ cruthachadh bheachdan agus fuasglaidhean.”

Crìochnachadh Làidir

“Bidh gach buidheann an urra ri diofar a dhèanamh ann an raon sònraichte - agus còmhla, bidh sinn a’ dèanamh ar sgoil nas fheàrr don àrainneachd.”

4. Goireasan eile

[Keep Scotland Beautiful – Sgoiltean airson na Gnàth-shìde](#)

Gnìomhan is goireasan gus luchd-ionnsachaidh a chuideachadh a’ tuigsinn atharrachadh na gnàth-shìde.

[Keep Scotland Beautiful – Sgoiltean airson na Gnàth-shìde Padlet](#)

Cruinneachadh de ghoireasan teagaisg, bhideothan is ghnìomhan ceangailte ris a’ churraicealam gus taic a thoirt do dh’atharrachadh na gnàth-shìde agus Ionnsachadh airson Seasmhachd.

[Keep Scotland Beautiful – Èiceo-Sgoiltean](#)

Goireasan gus ceanglaichean a dhèanamh ri cuspairean Èiceo-Sgoiltean.

[Keep Scotland Beautiful – Goireasan](#)

Goireasan ceangailte ris a’ churraicealam a tha a’ toirt taic do dh’ionnsachadh thar na sgoile.

Post-d: education@keepscotlandbeautiful.org